

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Cladh Cille Choirill (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh 's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 10.00 pm on a Sunday night, following the Gaelic Learners' programme 'Beag air Bheag'. It is repeated at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 946. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which goes to air around 7.00 pm on Monday evenings (six days prior to Litir do Luchd-ionnsachaidh). Litir Bheag 642 corresponds to Litir 946. The Litir is available on the BBC website at bbc.co.uk/litir.

Bha mi a' bruidhinn mu Chladh Cille Choirill ann am Bràigh Loch Abar. Tha e ainmichte airson seann naomh Èireannach, Naomh Coireall – no *Saint Cyril* mar a tha cuid a' gabhail air ann am Beurla. Cha chreid mi, ge-tà, gu bheil ainm Beurla air a' chladh. Cleachdaidh daoine dìreach an t-ainm Gàidhlig.

Tha dithis bhàrd ainmeil air an tiodhlacadh ann – Dòmhnall mac Fhionnla' nan Dàn agus Iain Lom. Tha mi airson innse dhuibh mu Iain Lom an t-seachdain seo. B' e fear de na bàird Ghàidhlig a b' ainmeile a bh' ann anns an t-seachdamh linn deug. Rugadh e timcheall air sia ceud deug, fichead 's a ceithir (1624) agus chaochail e ann an seachd ceud deug 's a deich (1710) no mar sin. 'S e bàrd a bh' ann aig Dòmhnallaich na Ceapaich agus, mar sin, 's e 'Bàrd na Ceapaich' a th' air cuideachd.

Chan eil fios le cinnt càite a bheil **uaigh Iain Luim** ach chaidh carragh-chuimhne mòr a chur suas dha anns an naoidheamh linn deug. Tha e àrd is drùidhteach, faisg air doras na h-Eaglais bhig Chaitligich a tha sa chladh. Agus chan eil e suidhichte mar tha na clachan-uaighe eile. A rèir beul-aithris, bha Iain ag iarraidh gum biodh e na laighe le aghaidh a dh'ionnsaigh a' Choire Odhair – anns na beanntan gu deas. Bha e cianail fhèin measail air an àite sin – mar a tha mòran de luchd-coiseachd is luchd-sreap an-diugh. Agus 's ann mar sin a tha a' chlach fhèin, agus a h-aghaidh a' coimhead a dh'ionnsaigh a' Choire Odhair.

Lorg mi dealbh iongantach dhen chloich a chaidh a thogail tràth anns an fhicheadamh linn le Mary Ethel Muir Donaldson – MEM Donaldson – a bha ainmeil mar neach-camara is sgrìobhadair. Air cùl na cloiche tha coille nach eil ann an-diugh, agus tha an eaglais ann an droch staid, gun mhullach oirre. Chaidh a leasachadh anns na tritheadan – agus thàinig gu leòr dhen airgead airson a' phròiseict às Alba Nuadh far a bheil **mòran de shliochd muinntir Bràigh Loch Abar** a' fuireach an-diugh. Tha ceanglaichean làidir ann fhathast eadar Bràigh Loch Abar agus Alba Nuadh.

Thug mi sùil air a' chloich agus lorg mi sgrìobhadh aig a bonn. Mus inns mi dhuibh dè tha sgrìobhte oirre, feumaidh mi dà ainm-àite a thoirt dhuibh às na seann mhapaichean. Tha an t-àite car beannaichte, a rèir choltais. An cnoc air a bheil an cladh – 's e sin Tom an Aingil a rèir a' mhapa. Ri a thaobh tha Druim Dòmhnach. Cha chan mi guth air a' chnoc gu tuath air a' chladh, air a bheil Tom a' Chrochaire!

Feumaidh gun robh beachd ann nach e Tom an Aingil an t-ainm ceart air a' chnoc ud, ach Dùn Aingeal. Air a' charragh-chuimhne tha seo sgrìobhte: *An so 'n Dùn Aingeal am Bràigh Lochabair, tha Bàrd na Ceapaich gu trom na chadal. 'S e*

Iain Lom MacDhòmhnaill b' ainm da. Iain Lom ach theireadh cuid Iain Manntach. A bheil sibh eòlach air an fhacal 'manntach'? Stammering. Iain Manntach – stammering John.

Agus carson as e 'Lom' a bh' air Iain mar far-ainm? A rèir beul-aithris, 's e nach b' urrainn dha feusag fhàs. Ach tha faclair Dwelly a' toirt seo dhuinn mar chiall – 'cutting, satirical' – *Iain Lom 'cutting John'*. Bha e sin, le cinnt – mar a chluinneas sinn an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: Dòmhnallaich na Ceapaich: *The MacDonalds of Keppoch (at Roybridge)*; drùidhteach: *impressive*; neach-camara: *photographer*; Bràigh Loch Abar: *The Braes of Lochaber*; ceanglaichean: *links*; beannaichte: *blessed*; Tom an Aingil: *the hill of the angel*.

Abairtean na Litreach: Cha chreid mi, ge-tà, gu bheil ainm Beurla air a' chladh: *I don't believe, however, that the graveyard has an English name*; fear de na bàird Ghàidhlig a b' ainmeile a bh' ann anns an t-seachdamh linn deug: *one of the most famous Gaelic bards in the seventeenth century*; chaidh carragh-cuimhne mòr a chur suas dha: *a large memorial stone was raised for him*; doras na h-Eaglais bhig Chaitligich: *the door of the wee Catholic church*; gum biodh e na laighe le aghaidh a dh'ionnsaigh a' Choire Odhair: *that he would lie with his face towards Corroul*; bha e cianail fhèin measail air an àite sin: *he was really keen on that place*; cha chan mi guth air a' chnoc gu tuath air a' chladh, air a bheil Tom a' Chrochaire: *I'll say nothing about the hill north of the graveyard, which is called 'hangman's hill'*; gu trom na chadal: *deeply asleep*; 's e X b' ainm da: *his name is X*; theireadh cuid Iain Manntach: *some would say Stammering John*; carson as e 'Lom' a bh' air Iain mar far-ainm?: *why did John have the nickname 'Lom' ['bare']?*; 's e nach b' urrainn dha feusag fhàs: *it's because he couldn't grow a beard*.

Puing-chànain na Litreach: **uaigh Iain Luim:** *the grave of Iain Lom. Do you notice that an adjective qualifying a personal name [particularly masculine names] undergoes inflection eg for the genitive case as it would do for an inflected noun where the article is present. Lom therefore is slenderised to Luim (Iain is already slender). Here are some other examples: taigh Sheumais Bhig 'wee Jimmy's house'; leabhar Dhonnchaidh Mhòir 'big Duncan's book'; Pìobaireachd Dhòmhnail Dhuibh 'Black Donald's Piping';*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **mòran de shliochd muinntir Bràigh Loch Abar:** *many of the descendants of the people of the Braes of Lochaber.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA